H.M.276
b. a. Scots. 96



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

AN

T-AILLEGAN;

COMH-CHRUINNEACHADH

OHAN, ORAN, AGUS DHUANAG

LE

SEUMAS MUNRO

DUN-EIDINN:

MACLACHLAN & STEWART.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

20

ORAIN GHAOIL.

I.—MAIREANN UAINN.

Maireann uainn gu Dùn na naomh-gheal,
Aol-chlach ébhinn nan sruth fionn,
Cùirtean righ, 'us cuan nan glan-traidh,
'Se 'm bruth ébhinn, 's banntrachd ann, O.

O! 's tursach leinne bhi 'gad fhàgail,
Arois nan cuach amalach òir!
Osna 'gad ruigheachd, fad' mhór mhaise
Toirfear uainn le frasaibh dheòir, O.

An cuimhne leatsa, bheil-dearg mhàlla,
Mo riochd féin uait no ad ghar?
Mar shamhailte Brain air ghlan-léig
A ghràidh, gun aon bhréug, riut ni'n sgar, O.

Mi 'gad fheitheamh air srath sean chuain,
Gun iùl puirt, gun chal' bhi fó'm,
Am buinne fairge, tonn thar thaobh oirnn,
Clàr mo luinge toirfear uam, O.

'S ébhinn duitse, mhadaidh bhric, O,
(Mo rùn riut 's na h-abair e)
Far an caidil thu gun tòir, O,
A thi, 'nuair nach caidlinn féin, O.

'S ébhinn duit, 'n tra laidheas càch, O,
Thu bhi 'n caidreabh mna nan rosg mall;
Ged a chuirteadh mi ri croich, O,
'S truagh a nochd nach misc bh'ann, O.

MAC CAILEIN

2.—CHA D' THUG MI GAOL RIAMH

Fonn., Hug oro, mo chaileu.

Cha d' thug mi gaol riamh
Do ghill' òg ach a h-aon,
'S do ghruagaich ach mise
Cha d' thug esan gaol :
Cha d' thug mi gaol riamh
Do ghill' òg ach a h-aon.

Gur miann leis mo phòsadh,
'S gur mise tha deònach ;
Cha-n iarrainn de shòlas,
Ach còir bhi ri thaobh.
Cha d' thug mi gaol, &c.

Gun cheannaich e cìr dhomh,
'Us làmhainean riomhach,
'S cha d' iarr e de phrìs orm
Ach brìodal-phog chaoin.
Cha d' thug mi gaol, &c.

Gun choinnich mi anmoch
E 'n raoir, anns a Gharbh-choill,
'S gun phàidh mi dha 'n t-ainfhiach,
'S gu dearbh bha e saor.
Cha d' thug mi gaol, &c.

Biodh càch 'deanamh bòilich
Mu 'n uaisle 's mu 'm mòrchuis,
Ach 's uaisl' agus stòras
Gu leòr leam mo ghaol.
Cha d' thug mi gaol, &c.

Gur binn leam a chòmhradh :
'Nuair labhras e fòil rium,
Gun toir air mo dheòir
Abhi dòrtadh nan taom.
Cha d' thug mi gaol, &c.

A chainnt tha cho blasda
Ri mil bhios an tasgaidh

Aig seillein an achaidh
Fo fhasgadh an fhraoich.
Cha d' thug mi gaol, &c.

S. M.

3.—'S TRIC MO SHUIL AIR AN LINGE.

'S tric mo shùil air an linge
'S air an fhireach a's àirde,—

'S tric mo shùil air mo dheoghaidh,
'S e mo raghainn a dh-fhàg mi.
'S tric mo shùil, &c.
Beir mo shorruidh do 'n fhleasgach
Dh-fhalbh mu fheasgar le bhàrc uainn.
Beir mo shorruidh, &c.

Chuir mo leannan a chùl rium,
'S chuir e 'chùram air bàta!
Chuir mo leannan, &c.
'S ged a dhiùlt thu dhomh 'n t-aiseag,
A righ gu faiceamsa slàn thu!
'S ged a dhiùlt thu, &c.

Ged a dh-ĕitich thu rùm dhomh,
Cha bu dùmhail mi 'd' bhàta.
Ged a dh-ĕitich, &c.
'S tric a bha mi 's tu sùgradh
Ann am bùthan na Ràimhe.
'Stric a bha mi, &c.

Ann an coille nam badan,
'S tric a ghlac thu air làimh mi.
Ann an coille, &c.
'S e do bhreacan ùr, uasal,
Chùm am fuachd uam 'smi 'm phàisdein
'S e do bhreacan, &c.

'S tric a chùm thu mi tirim
Fo shileadh nan àrd-bheann
'Se do bhreacan, &c.

'S cha b'e m' fhuath thug ort m' èiteach,
Ach bhi teisteil mu m' nàire.
'S cha b'e m' fhuath, &c.

4.—IOMPACH A GHAOIL.

Fonn, A chuachag nan craobh.

A Shine gheal chaoin,
Nach ēisd thu ri m' ghlaodh
Muladach, faoin, brònach?—
Gun chuir thu, le d' ghaol,
Saighdean 'nam thaobh
'Dh-fhàg mi gun mhaoin sòlais.
Tholl thu mo chrì;
Mhill thu mo shìth;
Dh-fhag thu mi tinn, breòite;
Cha-n fhaigh mi suain
Sealan na h-uair;
Eadar di-luain 's dòmhnach.

Bu mhuladach mì
'M aoidhe 's an tìr,—
Fhuair mi air Sìn' eòlas;
Ghabh i ri m' ghràdh,
Ghlac mi air làimh
Maise nan Gràs còmhla:
Bu nòs dhuinn a ghnà,
Dh-oiche 's a là,
Brlocal 'us tlàth-chòmhradh;
Ach thainig mi-àdh
Tarsuing 'nar dàil,
'S ghineadh f'a sgàil dò-bron.

Dh-fhàs thu rium fuar,
Ghabh thu rium gruaim,
Annir nan cuach òr-bhuïdh:
Thilg thu mi uat,
Thaobh thu 'm fear-buar,
'S dh-fhàg thu mi truagh, deòrach.
A ribhinn nan gràs,
Pill rium le tlàs,

Cùm uam am bàs dòbhaidh ;
Ma ni thu rium fàit',
Bi'dh mi dhe slàn,
Glacaidh mi làn-shòlas.

S. M.

5.—AN COMUNN.

An raoir chunnaic mi 'm bruadar,
Rìbhinn shuairce 'bhi 'm chòir ;
Béul meachar, gun ghruaman,
O'n suairce 'thig glòir :
'Nu'r a dh-éirich mi m' shuidhe
Los ruighinn air pòig,
Cha b' fhasa dhomh féutainn
Na réult as na neòil.

Chaidh an comunn, an comunn,
Chaidh an comunn air chùl ;
Dhealaich comunn ri 'chéile,
'S deanaibh féin d'e sgéul ur.
O nach robh mi cho gléusta
'S gun tugainn béum air do chùl,
Sgaoil an comunn o chéile,
'S thug e déur air mo shùil

'Nian òg a chuil dualaich,
Bha mi uair 'us tu réidh ;
'Nis', o 'n thionndaidh thu d' fhuath orm,
Tha mi suarrach mu d' dhéibh 'n :
Chuir thu d' air' air duin' uasal ;
Deang an cruas, 's dean d' e féum :
Dh' fhag thu mise mu 'n cuairt duit
Mar chaora fhuadain air spréidh.

Dh-innsinn aogas mo leannain—
Cùl clannach, cas, dlùth ;
Riut a dhealaicheas gach sgainneal,
Riut a leanas gach cliù :
'S àluinn sìneadh do mhala,
'S glan sealladh do shùl',
Aghaidh shoilleir an sgàthan—
'S glan dearrsadh do ghnùis'.

A cheithir bliadhna na taic' so,
Ghabh mi tlachd dhiot an tòs;
Le sùgradh 's le macnus,
Mar a's cleachd le cloinn òig;
Bha căr fo d' laimh-se gun fhios domh
Nach do dh-fhiosraich mi 'nôs;—
Dh-fhàg thu mise mar thalcais,—
Beannachd leat, ma 's i 'chòir.

6.—MO NIAN DONN.

Their mi hó, robha hó,
'S mithich dhuinn éridh,
Mo nïan donn

'S mithich dhòmhsa dol dachaidh,
Tha mi fad' air mo chélidh,
Mo nïan donn.

Bheir mi m' aghaidh air Muile,
Ged is duilich dhomh fhéin e,
Mo nïan donn.

'S mór gruaman na h-iarmailt,
'S gaoth 'n iar a cruaidh shéideadh,
Mo nïan donn.

Tha na tonnan 's a ghàirich
Tigh 'n gu tràidh le greann étidh,
Mo nïan donn.

Tha na cithean trom sneachda
Dall-gleachd anns na spéuraibh,
Mo nïan donn.

Tha na h-uillt le dearg-ràinich
Sguabadh sgàirnich nan sléibhtean,
Mo nïan donn.

Tha na craobhan mór miarach
As am friamhaich 'gan réubadh,
Mo nïan donn.

Tha eòin bhùchain nan cuaintean
Leis an uamhas 'gan léireadh,
Mo nïan donn.

'S eòin bheaga na coille
Gob 's an doire fo 'n sgéithe,
Mo nïan donn.

'S bochd nuallan nan aighean
Air na straithean lom glé-gheal,
Mo nïan donn.

'S truagh mise 'n tìr Oisein
'S mi gun soistinn mu m' éudail,
Mo nïan donn.

'S nach comas dol thairis
Dh-fhios a bhaile 'm beil m' éibhneas,
Mo nïan donn.

Far an d' fhàg mi mo leannan,
Maidean channach na feile,
Mo nïan donn.

S. M.

7.—GUR MULADACH THA MI.

Gur muladach thà mi,
Tha mo leannan iar fàs rium an grualm;
An té bha 'm rùn o cheann tamuil,
Tha fear eile 'ga mealladh sid uam.
Tha mi faoin air mo leabaidh,
'S gur h-éatrom air chadal mo luaidh;
Tha leann-dubh orm a drùthadh,
'S stric snighe mo shùl' air mo ghruaidh,

Mu mhnaoi ùir nan gruaidh daite,
Nan ciabhagan cas, 's an fhuilt réidh,
Lium is binne do chòmhradh,
Na coireal na smeòraich air gnéig.

Gur fìr-ghlan a dh-fhàs thu ;
Guth mar thorman o chlàrsaich nan téud ;
'S tu mo chruit thair gach fidhill,
'Ga bheil tuigs' air gach ni tha fo 'n ghréin.

Gun d' thug Moire gheal cuimhn' ort,
Ann an carachd na cuibhle muncuairt ;
Bean d' aogaisg cha-n iùl domh,
Cul bachlagach, lùb-bhuïdh' nan cuach ;
Ann an ìomhaigh 's an àbhaist,
Ann an uirigleadh stàtha, le stuaim,
Tha thu fasanta, fìr-ghlic,
Ciallach, corparra, sìthmhalta, suairc.

'S mur mise do chéile,
'S truagh nach robh mi 's an Ebhait air chall,
No 'n talamh toll as nach éirinn,
No 'n crùiste nan Cléireach ad thall!
Cha ghearainiinn bàs dhoibh,
Nan cuirteadh fo 'n fhàd mi, ro 'n àm :
Ach sùgradh mo leannain
Bhi aig ùmadaigh ballaich, gun tainng.

MAC 'IC RAONUILL.

8.—NIANAG A CHUIL DUINN.

Nìanag a chuil duinn, nach fhan thu ?
Fhios a's tìr gur mi do leannan ;
Nìanag a chuil duinn, nach fhan thu ?

Nìanag a chuil bhar'inn bhòidhich,
Tha mi 'n tòir ort, o cheann tamuil.

'S ann o 'n bha mi beag a'm' phàiste
Thug mi 'n gràdh dhuit a bhios maireann.

'Nuair a bha sinn ris a chuallach,
Thug mi luaidh do d' chuailein bar'unn.

'S leis na dh-fhàs de dhreach 's de dh-aoidh ort.
Thàlaidh thù mo ghaol gu daingean.

Suil ghorm, mheallach, aig mo ghaolsa,
Mala chaol a's caoine sealladh.

Gruaidh a's deirge na na caorun,
'Siad fo bhraon am bàrr nam meangan.

Bial o 'm binne ceòl 'us gàire,
Déudach àlluinn mar a ghaillionn.

Muineal geal mar chanach sléibhe,
Broilleach céutach mar an eala.

Seang-chruth cuannda, cuimir, éatrom,
'S e gun éislein na gun ainneamh.

'S tric a fhuair mi treis dhe d' mhànran
Air an àiridh, anns na gleannaibh.

'S minic bha mi riut a' sùgradh
Fo na géugan cùraidh barraich.

'S anns a mhadainn latha Càsga
Thug thu dhomh do làmh 's do ghealladh.

Ach ma dh-fhàgas tu an dùthaich,
'S trom mi giùlan do chion-falaich.

Co'm mu'n rachadh tu gu Galldachd
Dh-fhòghlum fealltachd o na Gallaibh?

Fan, a ghaoil, an tìr nan Gàël,
Far am beil an àbhaist cheanail.

S. M

9.—'S CIANAIL M' AIGNE.

'S cianail m' aigne, o na mhadainn
'Ghabh mi cead de 'n rìbhinn;
Ti cho taitneach riut cha-n fhaic mi
Ann an dreach no 'm fiamhachd:
Bu thrian de m' lòn do bhriathran beòil,
A' teachd mar cheòl a sìth-bhruth;

'S i 'n t-seirc a ta 'nad bhràighe bàn
A thaisg mo gràdh gu dlomhair.

Clochan corrach, llonte, soluis,
Air do bhroilleach ré-ghlan ;
Do sheanng-shlios fallain mar an eala,
No mar chanach slèibhe ;
Bàs ionmhuinn caoin nan geal-mheur caol'
A' dealbh nan craobh air péurlainn ;
Thu fialaidh, glic ;—do chiall gun tig
Air diomhaireachd nan réulltan.

Do bhràighe glé-gheal mar ghath gréine,
D' aghaidh ré-ghlan, mòdhar ;
Tiunnail d' éugais 's tearc ri fhéutainn ;—
Gur tu réul nan òighean ;—
Gur bachlach, dualach, casbhuidh, cuachach,
D' fhalt muncuairt an òrdagh ;
'S ann tha gach ciabh mar fhàinn' iar sniomh,
'S gach aon air fiamh an òir dhiùbh.

Niän àillidh nan rosg màlla,
'S nan gruaidh glana nàrach,
Da shùil ghorm mheallach fo d' chaoin mhala,
'S gach aon a' mealladh gràdh dhiubh ;
Tha mais' a'd' ghnùis, gun easbhuidh mùirnn ;
Beul meachair, ciùin, ni mànran ;
Do bhrlodal caoin 's do loinn maraon
A rinn mo ghaols' a shàradh.

UILLEAM MAC COINNICH.

10.—SGEUL MIODALACH AN DOCHAIS.

Le miodal sgeòil, thuirt dòchas,
Gum pilleadh sòlas caomh ;—
Ach m' osnaich cha dean fòir orm,
'Se 's dàn, bhi bròn, do 'n ghaol.

A! ceana shiubhail dòchas ?
'S ann theich e uam gu bràth ;
Dh-fhalbh bruadar-gaoil na h-òige,
'S gun thàrmaich bròn 'na àit'.

Mo chridh' tha briste, brùite,
Tha dù-leann iar mo chnàmh ;
Cha diong air m' inntinn sùgradh,
O! 's rùnach lium am bas!

S. M.

11.—MARI LADHACH.

Hó, mo Mhàri ladhach,
'S tu mo Mhàri bhinn ;
Hó, mo Mhàri ladhach,
'S tu mo Mhàri ghrinn ;
Hó, mo Mhàri ladhach,
'S tu mo Mhàri bhinn ;
Mo Mhari bhòidheach lurach,
Rugadh anns na Glinn.

B' òg bha mis' 'us Màri
'M fàsaichean Ghlinn-Smeòil,
'N uair chuir macan Bhénuis,
Saighead ghéur 'n am fheòil ;
Tharruing sinn ri chéile
Ann an éud cho beò,
'S nach robh air an t-saoghal,
A thug gaol cho mòr.

'S tric bha mis', 'us Màri,
Falbh nam fàsach fial,
Gun smaointean air fàl-bheairt,
Gun chàil gu droch ghniomh,
Cupid ga nar tàladh
Ann an càirdeas dian,
'S barr nan craobh mar sgàil dhuinn,
'N uair a b' àird' a ghrian.

Ged bu leamsa Alb'
A h-airgiod 'us a maoin,
Cia mar bhithinn sona
Gun do chomunn gaoil?
B' annsa bhi ga d' phògadh,
Le deagh chòir dhomh fhéin,
Na ged fhaighinn stòras
Na Roinn-Eòrp' gu léir.

Tha do bhroilleach soluis
Làn de shonus gràidh ;
Uchd a's gile sheallas,
Na 'n eal' air an t-snàmh ;—
Tha do mhìn-shlios fallain,
Mar chanach a chà'ir ;
Muineal mar an fhaoilean
Fo 'n aodann a's àillt'.

Tha d'fhalt bachlach, dualach,
Mu do chluais a' fàs,
Thug nàdur gach buaidh dha,
Thair gach gruaig a d' fhàs ;
Cha-n eil dragh, no tuairgne,
'Na chuir suas gach là ;
Chas gach ciabh muncuairt deth,
'S e 'na dhuail gu 'bhàrr.

Tha do chailc-dheud shnaighte
Mar shneachda nan àrd ;
D'anail mar an caineal ;
Beul o 'm banail fàilt ;
Gruaidh air dhreach an t-siris ;
Min raisg chinnealt, thlà ;
Mala chaol gun ghruaman,
Gnuis gheal, 's cuach-fhalt bàn.

Thug ar n-uabhar bàrr
Air àilleas righrean mòr ;
B' iad ar leabaidh stàta
Duilleach, 's barr an fheòir ;
Flùraichean an fhàsaich
'Toirt dhuinn càil, 'us treòir,
'Us sruthain ghlan nan àrd
A chuireadh slàint' 's gach pòr

Cha robh inneal ciùil,
A thùradh riamh fo 'n ghréin,
A dh-aithriseadh, air chòir,
Gach ceòl bhiodh againn fhéin ;
Uiseag air gach lònan
Smeòrach air gach géig,
Cuag 'us gŭg gùg aic',
'Madain chùraidh Chéit'.

12.—MO RUN AN CAILIN.

E ho ró, mo rùn an cailin,
E ho ró, mo rùn an cailin,
Mo rùn cailin shuairc' a mhànrain,
Tha gach là a' tigh'n fo m' aire.

Gur h-e mis' tha briste, brùite,
Cia b' e ri 'n leiginn mo rùnachd,
Mu 'n ainnir a's binne sùgradh,
'S mi ri giùlan a cion-falaich.

Tha mo chridhe mar na cuaintean;
Mar dhuilleach nan crann le luasgan;
No mar fhiadh an àird nam fuar-bheann;
'S mo chadal luaineach le faire.

Shiubhail mi fearann nan Gàël,
'S earrann de Bhreatain air fàrsan,
'S cha-n fhacas riamh na bheireadh bàrr
Air fine bhàin nam blà-shul meallach.

Bu bhinne na smeòrach a Chéitein
Leam do glòir, 's tu còmhradh réidh rium,
'S mo chliabh iar lasadh le h-éibhneas
Tabhairt éisdeachd dha d' bheul tairis.

Bu tu mo chruit, mo cheòl, 's mo thàileasg,
'S mo leug phrìsail, rlomhach, àdhmhor;
Bu leigheas téugbhail o na bhàs domh,
Nam faodainn a ghnà bhi mar-riut.

Gur muladach mi, 'us mi smaointinn
Air cuspair mo chion gun chaochladh,
Oigh mhin, mhaiscach, nam bas maoth-gheal
'S a slios caoin-tla mar an canach.

Tha do dhealbh gun chearb, gun fhiarradh,
Mìn-gheal, fìr-ghlan, dìreach, lionta:
'S do nàdur tha co-seamh 's bu mhiannach,
Gu paiit, fialaidh, ciallach, banail.

Air fhad m' fhuireach an Dunéidin,
'Cumail comuinn ri luchd Béurla,

Bheir mi 'n sorruidh so gun tréigsin
Dh-ionnsuidh m' éibhneis anns na gleannaibh.

Ged a thàrladh dhomh bhi 'n taobh-sa,
Gur beag mo thlachd dhe na Dù-ghoill;
'S bithidh mi nis a' cur mo chùil riu,
'S a deanamh m' iùil air na beannaibh.

Gur h-éatrom mo ghléus, 'us mi m' iompaidh,
'S neo-lòdail mo chéum o 'n fhonn so
Gu tir àrd nan sàr-fhear sunntach,
'S mi treigsinn Galltachd 'nam dheannabh.

Dìridh mi gu Tulach Armuin,
Air-leth-taobh Strath min na Làirce,
'S tearnadh mi gu Innseag Blà-choill',
'S gheibh mi fine bhàn gun smalan.

UILLEAM ROS.

13.—THA TIGHEIN BEAG AGAM.

Fonn, Iain Caimbeul a Bhanca.

Tha tighein beag agam,
'Us lios, agus pàirc,
A chumas rium càl
'Us aran na 's leòr;
'Us féumaidh mi caileag
A thaghadh, gun dàil,
A chumas mi blàth,
'S an fhàrdach air seòl:
'S i gruagach gun uamhar
Bu luaidh leam a thaghadh;
Cruinn-chuachag bheag, shuairce,
Gun bhruaidlein, mo raghainn;
A bheireadh a gràdh dhomh
Gach oiche 's gach là,
'S a chumadh air àird
Gach nì mar bu chòir.

Bu mhaith lium i suilbhir,
Neo-chuilbheartach, òg,

Le tuigs' agus fòghlum
Freagrach do m' chàs;
Té chumadh mo léintean
'Us m' éideadh air dòigh,
'S a dheanadh dhomh ceòl,
Nam bithinn fo phràmh.
I tàbala, làmhach,
Neo-bhà, feadh an tighe;
A dh-éireadh gu tràthail,
'S an dàmhair a laidheadh;
A chumadh na pàisdean,
Nam bitheadh iad ann,
Cho glan, cas gu ceann,
Ri meann fir na cràichd.

B'i sid a bhean loinneil,
A thoilleadh mo ghaol,
'S am fulasgadh caoin,
'S an caomhalas còrr;
'S gur mis' a bhiodh toigheach
A cumail air saod,
'S gun deanainn na dh-fhaodainn
Rithe ri m' bheò.
Bheirinn gùn d' i, 'us rùn,
Agus cliù dleasdanach;
B'i mo luaidh i, gach uair;
Ghabhainn cuairt, feasgar, leath',
Feadh nam bruach dìtheineach,
Mìsleineach, àidh;
'S bhiodh Bann-dia a Ghràidh
Gu fàiteach 'nar còir.

S M.

14.—BANARACH DHONN A CHRUIBH

A bhanarach dhonn a chruibh,
Chaoin a chruibh, dhonn a chruibh,
Cailin deas, donn a chruibh,
Cuachag an fhàsaich.

A bhanarach mhìlsgach,
'S e do ghaol 'thug do 'n tir mi:

'S math thig làmhainean sìod'
Air do mhìn-bhasaibh bàna.

'S mór bu bhinne bhi d' éisdeachd,
'S tu bleodhann na spréidhe,
Na smeòrach 's a Chétein
'M bàrr géig' ann am fàs-choill'.

'S nu'r sheinneadh tu 'choilleag,
'Leigail mairt ann an coille,
Dh-ialaidh ianlaidh gach doire
Dh-éisdeach caoiril do mhànrain.

'S gum bu mhòthar mo bheadrach
Tigh'n do 'n bhuaile mu 'n ead' thra,
Seamh, seang-chorpach, beitìr,
'S buarach, 'greasad an àil, aic'.

Dà mhaoth bhois bu ghrinne,
Fo 'n dà ghàirdein bu ghile,
'N u'r a shìnnt' iad, gu sgilail,
Gu sininean fhàsgadh.

'N u'r thogadh i 'bhuarach,
Cuach 'us currasan na buaile,
B' éu-coltach a gluasad
Rì guanaig na Stràide.

ALISTAIR MAC DHÒNUILL.

15.—FHIR A BHATA.

Fhir a bhàta, na hóro éile,
Fhir a bhàta, na hóro éile ;
Fhir a bhàta, na hóro éile,
'S e mì-run chàich thug do m' ghràdh mo thréigsinn.

'S tric mi sealltuinn o'n chnoc a's àirde,
Dh-fheuch am faic mi fear a bhàta ;
An tig thu 'n diugh, na 'n tig thu màireach ?
'S mar tig thu idir, gur truagh a tà mi.

Tha mo chridhe-sa briste, brùite ;
'S tric na deòir ag ruidh o'm shùilean ;

An tig thu nochd, na 'm bi mo dhùil riut ?
Na 'n dùin mi 'n dorus, le osna thursaich ?

'S tric mi foidhneachd de luchd nam bàta,
Am fac iad thù, na 'm bheil thu sàbhailt ;
Ach 's ann a tha gach aon diubh 'g ràite,
Gur gòrach mi, ma thug mi gràdh dhuit.

Gheall mo leannan domh gùn dhe 'n t-sìoda,
Gheall e sud agus breacan rìomhach,
Fàin' òir anns am faicinn lomhaigh ;
Ach 's eagal leam gun dean e dì-chuimhn'

Cha-n eil baile beag 'sam bì thu,
Nach tamh thu greis ann, a chur do sgìos dìot,
Bheir thu làmh air do leabhar rìomhach,
A ghabhail dhuanag, 's a bhuaireadh nìanag.

Ged a thu'irt iad gun robh thu aotrom,
Cha do lughadaich sud mo ghaol ort,
Bi'dh tu m' aisling anns an oiche,
'Us anns a mhaduinn bi'dh mi 'gad fhoineachd.

Thug mi gaol dhuit, 's cha-n fhaod mi àicheadh,
Cha ghaol bliadhna, 's cha ghaol ràidhe,
Ach gaol a thòisich 'nu 'r bha mi m' phàisdein,
'S nach searg a chaoidh, gus an claoidh am bàs mi.

Tha mo chàirdean gu tric ag innseadh,
Gum féum mi d'aogas a leig' air dì-chuimhne,
Ach tha 'n comhairle dhomh co diamhain,
'S bhi tilleadh mara, 's i tabhairt lionaidh.

Tha mo chriosan iar dol an àirde,
Cha-n ann o fhìdhlear, na o chlàrsair,
Ach o stiùreadair a bhàta ;—
'S mur tig thu dhachaidh, gur truagh mar tha mi.

Bi'dh mi tuille tursach, déurach,
Mar eala bhan, 's i an deigh a réubadh,
Guileag bàis aic' air lochan féurach,
'Us cach gu leir an deighs a tréigsinn.

16.—CIOD E 'M FATH BHI CANRAN.

Fonn, C'ar son a bhios tu rium.

Hó, cuireamaid air ruaig uainn
Am bròn, thar nan cuaintean,
'Us suidheamaid, le sòlas,
Mu 'n bhòrd, aig an uair so.

Ciod è 'm fàth bhi cànran
Mu dhiumaineachd ar làithean?
Gum bi sinn cridhail, gàireach,—
'S i 'n àbhachd a's luaidh leinn.
Hó, cuireamaid, &c.

Na suidheamaid gu mùgach,
Mar mhanaich ann an crùidse;
'S na cuireadh gart na dùdlachd
Oirnn smùirein no gruaman.
Hó, cuireamaid, &c.

Ach suidheamaid gu ròicail,
'Us leigeamaid air òl, gus
An imich greann an reòt'
'S an tig ròsan 'nar gruaidhean.
Hó, cuireamaid, &c.

Gum mèudaich e ar saoghal,
Bhi subhach agus aobhach;
'S 'nu 'r ghabhas sinn an daorach,
Gun sgaoil i gach gruaim dhinn.
Hó, cuireamaid, &c.

Gur coma lium an daormunn,
An fhìneag odhar, chaontach,
Mar sheilcheig ann am faochaig,
Air daoin' e cho suarrach.
Hó, cuireamaid, &c.

Mo rùn air an òlach,
A dh-éubhas 'us a dh-òlas,
'S a bhios gu cridhail, òranach,
Solasach, suairce.
Hó, cuireamaid, &c.

'Nis' lionamaid an àirde
Ar glaineachan, gu càirdail,
'Us òlamaid deoch-slàinte
Luchd thràsgadh nan cuachan.
Hó, cuireamaid, &c.
S. M.

17.—BHA CLAIDHEAMH AIR IAIN.

Bha claidheamh air Iain, air Iain, air Iain,
Bha claidheamh air Iain, a's t-searmoin;
Bha claidheamh air Iain, fear deas-laimh mo chrid' e,
'S tu dheanadh an fhighe neo-chearbach.

Thainig litrichean bagraidh
A nall a Lochabar
'Nu'r chualas gun deachaidh tu d' armachd;
Ghabh an Ceannard mor chùram,
'S gach freiceadan dhùbail e,
Eagal 's gun dùisgeadh tu Albainn!
Bha claidheamh, &c.

'S e 'n sgathdan beag casraidh
A thainig mu dheas oirnn
Chuir Iain 'na bhreislich mu 'armachd:
'S ann a mhosgail mo chridhe
Deagh fhortan 'bhi tighinn—
'Nu 'r chithinn do chlaidheamh 's an t-searmoin
Bha claidheamh, &c.

Air là Sliabh an t-Siorra
Cha ghabhadh tu giorag,
'Nu 'r chaïdh na gillean gu stararaich;
'Nu 'r ghlaodh iad am bristeadh,
Cha tilleadh tu idir:—
'S ann dh-fhàg thu na ficheadan marbh dhuibh.
Bha claidheamh, &c.

Gur mór a bha 'd' phòraibh
De dh-àrdan Chlann-Dònuill:—
Nam bitheadh do phòca làn airgid,
Gun tugadh tu dhachaidh dhuinn

Righ fhear na h-Apann,
A dh-aindeoin fir Shasunn, mur marbht' thu.
Bha claidheamh, &c.

'S iomadh òganach ullamh,
Nach éisdeadh an cumasg,
Bha gun chlaidheamh, gun ghunna, gun targaid;
Gun urad na biodaige
'M falach fo 'chrioslach,
Ged bha Mac a Ghibich 'na armachd.
Bha claidheamh, &c.

'S mór mo chùram mu d' phearsainn,
Mu d' armadh, 's mu d' achduinn,
Mu d' shlinnibh, mu d' cheairslibh, 's mu d' bhalgaibh,
'S gun blirist thu an t-achda
Rinn Deòrsa bha 'n Sasunn
'Nu 'r chaidh tu cho sparpail 'nad armachd!
Bha claidheamh, &c.

Chaidh an claidheamh air astar.
Do bhràighe Lochabar,
Laidh ruadh-mheirg, le dealt, air a bharra-dhias;
Tha 'm figheadair againn
'Na chliamhuinn do 'n t-Sagart,
'S gum faigh e o 'n pharsan sin tearmad.
Bha claidheamh, &c.

Mu dh-fhair'eas sibh cunnart,
'S nach fhaod sibh a chumail,
Cuiribh aon uair 'na thuinidh 's t-Sliabh Gharbh e;
'S iomadh àite math falaich
Dà thaobh Locha Gairidh,
'S tha 'n dream ad gle dheallaidh do Bhalgan.

ALASTAIR DONULLACH A GLENA COTHAN.

18.—THROD MO BHEAN, 'S GUN THROD I RIUM.

Throd mo bhean, 's gun throd i rium,
Ghabh i mi-thlachd agus dium;

'Us o nach b' àbhaist dh'i trod rium,
Gun throd mi, chionn gun throd i rium.

'S ann a thu'irt i rium, gu dùr,
Gum bu bhodach mi gun tùr,
Nach iarradh làmh a chur ri tùrn,
Ach iomairt cùirn gu soistinneach.

'S ann a labhair i gu fiat',
Mar nach deanainn stà dh'i riamh,
'S a thu'irt i rium gur beag a b' fhiach
Na rinn mi ghniomh 's de chosnadh dh'i.

" Dh-fhàg thu mise 'n càs gu leòr
Leis a ghràdh a thug thu 'n phòit,
'S cha-n aithreach leat mar tha mo sheòl,
Ged tha mi brònach, bochduinneach.

Cha-n eil airgiod,—cha-n eil spréidh ;—
Cha-n eil agam fiù a bhréid
A theid do chlachan no gu féill,
Le d' ghnàs mi-bhéusach, mosachail.

Dh-òl thu, mhoisein,—dh-òl thu bhò
Bha 'gar beathachadh gach lò—
'S gur math mur h-òl thu 'n daghainn bhròg
A th' air do spògan rosadach.

Cha-n ioghnadh peanas agus plàigh
A thuiteam air do cheann gun dàil,
'S mar rinn thu mise 'mheath 'sa chràdh
Le d' ruidht, a bhàraisg shoganaich !

Clos cha-n fhaigh mi feadh na h-oich',
'S mi 'nam chrùban, làn de dh-oillt
Gun tachdar thu, le d' bhrùchdail roic,
'S tu air do shloichd 's an ospartaich.

Tha do chlann gun mheas, gun bhéus,
Direach mar a tha thu féin,
Gun mhath, gun rath, gun sùrd gu féum ;—
Gur truagh an té tha 'n crochadh ribh.

An aodach, tha e ribeach, lom,
Lom-lan phuathag agus tholl ;

'S tha 'n cridh' iar sgàineadh ann am chom
A nigheadh ronn 'us ŏtraich as.

Ach Donull Bàn, a bhean, 's a chlann,
Muinntir an tigh òsd ad thall,
Gur rìomhach, ròicail, iad, neo-ghann,
Air sàilleamh sannt do ghlocain-se.

Och nan och ! gur mis' tha truagh :
B' fhearr gun robh mi anns an uaigh,
Na bhi pòsta riut, a thruaill,
A dhuine shuarraich, shocharaich !"

S. M.

19.—COMUNN AN UISGE-BHEATHA

Fear mo ghaoil an t-uisge-beatha,
Air am bi na daoin' ag feitheamh !
'S tric a chuir e saoidh 'na laidhe
Gun aon chlaidheamh rùsgadh.

Ciod eile chuireadh sunnt oirn,
Mur cuireadh bean 'us liunn e ?

'N uair choisgeas gach sluagh am pathadh,
'S a theid mac nam buadh air ghabhail,
'S lionmhor uaisle feadh an tighe,
'S biasd nach caitheadh cùinne.
Ciod eile, &c.

Cha b'e sud an comunn suarrach,
'S mairg a dh' iarradh an taobh shuas doibh,
'S iad nach cromadh chun na fuaraig,
Gc bu dual doibh 'n lùireach.

Gheibht' an sin gach lamh bu chruaidhe,—
'S cŏ b' fhearr na clann na tuatha ?
'M fear bhiodh aig an amar-fhuail,
Gum bnailcadh e aon triùir dhiubh.

Bi'dh iad lan misnich 'us cruadail,
Gu h-aigiontach, brisg gu tuasaid:
Chuireadh aon fuichead 'san uair sin
Tearlach Ruadh fo 'n chrùn duinn!

Chluinneadh fear a bhiodh gun chluais iad,
Nan deanadh luinneagan 'us fuaim e;—
Comunn teangach, cainnteach, cuachach,
Dannsach, suairc', neo-bhrùidail.

Comunn aoidhail, òlmhor, pàirtail,
Pògach, dòrnach, strònach, gàbhaidh,
Spòrsail, ceòlmhor, còrnach, gàireach,
Nach cuir càs gu smùirein.

Gar am pàidhear an Fheill-màrtuinn,
'S ged a bhàsaicheadh na pàistean,
Leanaidh iads' an ioc-shlaint àdhmhor
Gus am fàg an lùths iad.

'M fear chaidh shealltuinn air an oiche,
Leig a chasan air a dhruim e;
Thug e stigh an rud nach d' rinn e,
'S b' oilltail a bha chùlthaobh.

Dh' éirich am fear a bha làmh ris,
'Theicheadh romh bholadh an fhàilidh,
Thuit e anns a mhuighe làgain,
'S mhìll a chàth a shùilean.

Dh' éirich an treas fear gu dàichail,
Chum 's gun tearnadh e'm fear bàite,
Chuir e ghriosach as le mhàsaibh,
'S còta Spàinnteach ùr air.

'N sin dar dh'éirich iad uile
Thu'irt fear, "Gabhar greim de 'n duine,—
Fhuair è masladh, 's cha b'e 'm munar,
Loisgeadh muna ghlùn e."

Thu'irt caraid an fhir a chaidh a losgadh;—
"Tha thu fìr bhreugach, a losgain;
Bi mach, fhad 's tha 'n dorus fosgailt'
Olaich lobhte, dhùisg so."

'S an uair a's fearr a bhitheas aca,
Bi'dh làmh air gach cuaill 'us bata :
Bi'dh fear buailte, 's fear 'ga thachdadh,
'S fear fo 'n casaibh ciùrrte.

Fear eile, thig aileag 'na bhràgad ;—
Stiùraidh e 'm broilleach a bhràthar
Aran pronn, 'us ìm 'us càise,
Bruchdach, blàth, cur smùid deth.

Their bean an tighe ris, gu dìblidh,
" Dhuin', is olc an càradh bìdh sin ;
'S mòr a b' fhearr dhomh agam fhìn e,
'S mòid a phrìs a's dùthaich."

'N sin 'nu'r thig na coin 'sa chom-ìth,
Leigidh iad air cimith comith ;
Leasaichidh fear eil' an nollaig,
Le gléus ronnach, ùrar.

'Nu'r dh-fhàsas a bhangaid goirid,
'Chuid nach d' thainig ach mu dheireadh,—
O nach faigh iad làn an goile,—
Goiridh iad gu diùmach.

Theid iadsan a nis' anns a chéile,
'S chi gach mad' e fein 'an déigh laimh,
Bi'dh surd air na h-armaibh gléusta,
'S déudaichean 'gan rùsgadh.

'S ann an sin a bhios a chaonnag,
Firum farum chon 'us dhaoine,
Clann a' ràmaich, mnai ri caoineadh !
'S baobhail, crost' a' chùirt iad.

'S ma chreideas gach fear na chual e,
'S meas' e na thu'irt Callum Ruadh rium,
'S iad na coin a bhios 'an uachdar,
'S bi'dh daoin' uaisle mùchte.

FEAR SIRATH MHAISIDH.

20.—THA MISE SO 'M' LAIDHE.

Tha mise so 'm' laidhe
'N leabaidh chuthain, chaoil, chlàraidh ;
Mo cheann iar a lionadh
Le fiabhrus mi-nàdarr' ;
Cha-n fhuachd 'us cha teas e,
'S cha-n fhios ciod a's cràdh dhomh ;
'S ann tha toiseach mo ghalair
Mu m' sgamhan, 's mu m' àirnean.

Beir mo shorruidh-sa thairis
Gu m' leannan, do 'n Bhràighe,
'S 'nu'r chluinneas i 'n aithris,
Cha mhath leath' mar thà mi ;
Mi gun sùgradh, gun aiteas,
'S gur h-è chleachd mi bhi 'g àbhachd ;
'S e cumha do phòige
A leòn chun a bhàis mi !

Ge bu shocair mo leaba,
Cha d' chaidil mi 'n raoir,
'S nach d' fhuaras thu agam
An taice ri m' thaobh ;
'N àm dùsgadh 's a mhaduinn
Gum b' fhad thu o m' ghlaodh !
'S mór b' fheairrde mi agam
Aon aiteal de m' ghaol !

Cha-n e ro mhiad do niche
Tha mise ag iarguinn,
Ach bhi 'm' laidhe so 'm' aonar
Ri smaointeanan diamhain ;—
Gheibhinn bean anns an tìrs'
'G a bheil nì, de shiol Diarmaid ;—
Ach o n' thug mi de ghràdh dhuit
Gum bi dàil aic' am bliadhna.

Tha mise fo sprochd, a ghaoil,
O thoiseach mo cheist ort ;
'S their gach aon neach de m'
Nach gòraiche bheag sin :—

Mur gabh laigse na feòla
'S an òige mo lethsgeul,—
Gun tig oirnn', gun iarraidh,
Gaol, Iadach 'us Eagal.

Gur mis' th' iar mo leòn
Mu bhean òg a chuil duinn!
'S tu dheanadh mi slàn
Ged thà mi gu tinn!
Tha do ghruaidh mar an caorunn,
Slios mar fhaoilean an tuinn;—
'S e bhi sealltuinn a'd' aodann
A b' aobhaiche lium.

'S truagh nach robh mi 's mo leannan
Anns a ghleannan, an uaigneas,
No 'sa bhadan bheag choille
'S an goireadh na cuachan,—
Thu sìnnt' ann am bhreacan
Dlu-paisgt' ann am shuainich!
Gum faighinn le deòin, a ghaoil,
Do phòg 'us cha b' fhuathach.

Gur diùmach mi d' athair,
Dhe luchd tighe, 's de chàirdean,
Le 'n litrichean bréige,
Mar thréig iad do ghràdh orm;—
Bha 'n dream dhe 'n robh sinne
Làn toil agus àrdain:
'S e ar cumail o chéile
Dh-fhag fo éislein gu bràch mi!

MAC FIR DHAIL AN EAS.

21.—AM FREAGRADH.

Ged do chäidh mo phòsadh,
Cha bu deònach mi féin air;
'Nuair sheall mi am dheodhaidh,
'S e mo raghainn a thréig mi;
Oig ùir a chuil ghasta,
Bu tu mo thaitneachdain céile;

ruagh, a ghaoil, gun mi mar-riut
parradh na déile!

l thig fear mo thigh' dhachaidh,
ı dean mi ris fàilte;
ı dean mi ris crìdhealas,
iidhinn, no gàire;
ı e nochd 's a cheann ìseal
fear nach dìbreadh air m' fhàillin'.
-fhag sid mise fo éislein
l mo ré 'us mo làithean!

ı mo chion air an fhleasgach
onn, leadanach, bhòidheach,
'n fhine nach strìochdadh,
dh-fhìon-fhuil Chlann-Dònuill:
ınn a ghabh mi mo chead diot
ş an eaglais Di-dòmhnuich,
ged nach d' fhaod mi bhi cainnt riut,
a shannt ua bu leòr orm.

truagh nach robh mise,
n fhios, air do chùlthaobh
àm togail na lice,
us bristeadh na h-ùrach;
a-n iarrainn de chiste
h mo shlios a bhi dlù riut:
ul a sgath as mo chéudfaith
ınn do 'n Eug thug thu cunntas!

NIAN FIR THIR NA DRISE.

22.—MARI GHREANNAR.

O, shaorainn, shaorainn, shaorainn i,
Air m' fhacal fhéin gum faodainn sin,
'S ged bhitheadh cuid nach saoileadh e,
Gun saorainn Mari Ghreannar.

Shaorainn, fhéin gun teagamh i,
Ged bha mi tric a' beadradh r'i,
Nach d' iarr mi nì mi-dhleasdanach,
'S nach freagradh dhomh bhi cainnt air.

Shaorainn fhéin gu deònach i,
'S cha b' eagal lium ged bhòidichinn,
Nach d' fhuair mi bheag de dh-fhòtus innt'.
O 'n ghabh mi eòlas cainnt oirr'.

Ma tha cron ri léughadh oirr'
An gniomh, no 'n gnè, cha léir dhomh e,
'S a dh-aindeoin beachd an t-saoghail so,
Is tusa daonnan m' annsachd.

Ged fhaighinn caileag Eirionnach,
'Us buailtean làn de spréidh aice,
Cha ghabhainn fhéin mar chéile i,
Gum b' anns thu féin as t-aon-snathain.

Tha suairceas, tlachd, 'us sìthmhaltachd,
A' strì co dhiù a's dìlse dhuit,
Tha maise, cliu, 'us fìnealtachd,
Ag ìmeachd air gach laimh dhiot.

Gur modhail, socrach, briathrach thu ;
Gur aoidhail, caoinail, ciallach thu ;
'S nam biodh gach cùis mar dh-iarrainn i,
Bu tu mo chiad bhean bainnse.

D' fhalt bòidheach cam-bhuïdh, dualagach,
'S a bharr a' fàs gu d' chruachanan ;—
Do phòg mar mhil nan cuachagan,
'S do shnuadh air dhreach an t-samhraidh.

Gur soisheamh, banail, béusach thu ;
Gur geanail, sunntach, éatrom thu ;
Gur connar, fonnar, spéisail thu ;
Gu h-aoidhail, céillidh, greannar.

Cha mhol mi thu, cha-n urra mi,
Cha-n eil briathran ullamh dhomh,
Do bheusan thug mi 'n t-urram dhoibh,
'S iad chuir mi uile 'n geall ort.

Ach dh-innsinn fhéin gu soilleir dhuibh,
Co i, 's co uaith a shloinneadh i,
Mur bhi gun d' fhuair sibh coire dhomh,
Air son na rinn mi chaint oirr'.

23.—MO CHAILIN DONN OG

o Chailin donn òg, 's mo niän dubh thogarach,
Thogainn ort fonn, 's neo-throm gun togainn,
o nian dubh gun iarraidh, mo bhriathar gun togainn,
'S gun innsinn an t-aobhar, nach eileas 'gad thogradh,
Mo Chailin donn òg.

ım beil thu gu bòidheach, bainndi, banail,
ın chron ort fo 'n ghrein, gun bhéum gun sgainnir ;
ır gil' thu fo d' léine na éiteag na mara,
tha cŏir' agam fein gun do chéile bhi mar-riut,
Mo Chailin donn òg, &c.

ır muladach mi, 's mi 'n déigh nach math leam,
ı dheanadh dhomh stàth aig càch 'ga mhalairt ;
'dh d'athair an còmhnuidh 'g òl le caithream,
e eòlas nan còrn a dh-fhàg mi cho falamh,
Mo Chailin donn òg, &c.

ym bithinn ag òl mu bhòrd na dibhe,
gum faicinn mo mhian 's mo chiall a' tighinn,
e 'n copan beag donn thogadh fonn air mo chnidhe.
cha tugainn mo bhriathran nach iarrainn e rithist,
Mo Chailin donn òg, &c.

'dh bodaich na dùch' ri burst 's ri fanaid,
cantainn rium féin nach géill mi dh-ainnis,
ed tha mi gun spréidh tha téud ri tharruing,
cha sguir mi de 'n òl fhad 's is beò mi air thalamh
Mo Chailin donn òg, &c.

ioma bodachan gnù nach dùraig m' aithris,
thional air spreidh, 's iad ga thréigsinn a's t-earrach,
ach òl anns a bhliadhna trian a ghallain,
cha toir e fo 'n ùir na 's mo na bheir Callum,
Mo Chailin donn òg, &c.

am bithinn air féill, 's na céudan mar-rium,
e chuideachda chòir a dh-òladh drama,
un suidhinn mu 'n bhòrd 's gun tràighinn mo shearrag,
cha du'irt mo bhean riamh rium ach—" Dia leat a
Challum,"
Mo Chailin donn òg, &c.

Ged tha mi gun stòr, le h-òl 's le h-iomairt,
Air bheagan de nì, le prìs na mine,
Tha m' fhortan aig Dia, 's e fialaidh uime,
'S mo gheibh mi mo shlàinte, gu 'm pàidh mi na shir r
Mo Chailin donn òg, &c.

Ge mór le càch na tha mi milleadh,
Cha tugainn mo bhoid nach òlainn tuillidh,
'S e gaol a bhi mòr tha m' fheòil a' sireadh,—
Tha 'n sgeul ud ri h-aithris air Callum a Ghlinne,
Mo Chailin donn òg, &c.

CALLUM A GHLINNE

24.—NIAN NAN GORM-SHUL MEALLACH.

Hó, mo nian donn bhòidheach
Nan gorm-shul meallach;
'S truagh nach robh sinn còmhladh,
Ged bhìomaid falamh.
Hó, mo nian donn bhòidheach
Nan gorm-shul meallach.

'S e 'ghnàth 'bhi ort a' bruadar
Dh-fhag mo chadal luaineach;
'S mur a toir thu luaidh dhomh
'S truagh nach robh mi 's talamh!
Hó, mo nian, &c.

Ach ged gheibh mi diùltadh,
Mairidh dhuit mo dhùrachd;
'S ged a bhios mi tùrsach,
Siùbhlaidh leat mo bheannachd.
Hó, mo nian, &c.

Cia b' e taobh a shiùbhlas,
'S mise 'bheir an cliù ort;
Dh-fhaodadh bean do ghiùlain
Diùc bhi dhith mar leannan.
Hó, mo nian, &c.

Tha do chliù 's do bhéusan
A' coinh-fhàs ri chéile;

Tha thu ciallach, féillidh,
Mòdhar, céillidh, banail.
Hó, mo nian, &c.

Tha thu fonnmhor, éibhinn,
Tha thu ceòlmhor, gléusta:
'S binne na guth théud
An t-séis a thig o d' anail.
Hó, mo nian, &

Tha do nàdar sònnruicht',
Iriseal, neo-spòrsail;
'S barraicht air gach dòigh thu,
'Rìbhinn thòisail, cheanail.
Hó, mo nian, &c.

'S binne lium do chòmhradh
Na 'n lŏn dubh 's an smeòrach,
'S iad a seinn mar chòmhladh,
'M maduinn cheòthar earraich.
Hó, mo nian, &c.

'S tu banarach na buaile;
Grinn-mheur air an fhuaghal;
Cha mhios' air achadh buan thu,
'Chur nan sguab am bannaibh.
Hó, mo nian, &c.

25.—SAOIL SIBH AM PÒS

Saoil sibh am pòs, am pòs mi,
Saoil sibh am pòs mi 'h-uile fear?
'S mis' tha fo thrioblaid an còmhnuidh,
Ochan, mo bhròn 'us m' fhulasgadh!

Fear thig an diugh, 's fear am màireach
'Thairgsinn a làimh le furan domh;
'S dhùraiginn uil' iad bhi bàit',
Ach Alastair bàn a's luran domh.
Saoil sibh, &c.

Ach 's coma le m' athair mo ghràdh-sa,
'S 's fuath le mo mhàthair bruidhinn air ;
Chionn e 'bhi falamh gun àiteach,
Ged is e gràdh a h-uile te.
Saoil sibh, &c.

Mo pheathraichean òga 's mo bhràithrean
Tha iad gu smàdach, guineach rium,
Chionn mi bhi diùltadh luchd cèairde,
Their iad " gur fearr leam bumailear."
Saoil sibh, &c.

Tha breabadair, griasaich, 'us tàilleir,
'S gobhain, gun tàmh 'gam fhuran,
Ach 's annsa, na claisteachd ri 'm mànran,
Caisteachd ri gràchdail thunnagan.
Saoil sibh, &c.

Tha m' athair a trod rium gach là,
'S gur tric bheir mo mhàthair buille dhomh,
Chionn mi bhi diùltadh gach seòid
Tha tigh 'n air mo thòir a h-uile la.
Saoil sibh, &c.

Ach ciamar a thaobhas mi 'n tàilleir ?
Righ gur a grannd an cuiridh e !
Fhiaclan mar chraicionn a chràigein,
'S anail 'us fàileadh gunna dh' i !
Saoil sibh, &c.

Cha taobh mi fear iomail an t-snàth,
Ged tha e gu blàth 'na thuineachas ;—
Sròn air cho fada ri spàl,
'S a phliut-chasan spàgach guireineach.
Saoil sibh, &c.

Breabadair sleomhain nam faobh,
Cha laidhinn ri 'thaobh, ged bhuilichinn
M' annsachd air ceard no air maor,
No fear a bhiodh baoth air bhuileachas.
Saoil sibh, &c.

Cha-n fhearr an gobhain na 'n ceard,
Gum bi e 's a cheardaich dubh-nialach ;

'S còmhluath 's a choisneas e 'n t-òr,
Theid anns an tigh-òil droch bhuil thoirt as.
Saoil sibh, &c.

'S an gabh mi fear dheanamh nam bròg?
Cha ghabh :—gum beil tòchd na dunach dheth;
'N dubhadh iar tubhadh a shròine,
'S boladh an òtraich buileach dheth!
Saoil sibh, &c.

Cha râghnaich mi Eobhan na Pàirce;
Ged a tha àl 'us cuid aige;
Tha e ro chàirdeach do m' mhàthair—
'S muthas leam blàth an fhuil a th' ann.
Saoil sibh, &c.

Ge ro thoil leam gnàths Eachainn bhàin,
Fear cuallaich an àird nam munaidhean,
Sìneadh e mach a dheas làmh
'S gum faic thu mar spàg a ghiumaich i.
Saoil sibh, &c.

A bharrachd air sin, tha e ian-dall,
'S bac a dha shliasaid iom-bhallach;
Preasadh an craicionn a chiobhail,
Breacadh 'na bhian—'s e sgiun-shuilcach.
Saoil sibh, &c.

Fear idir cha ghabh mi gu bràch
Ach Alastair bàn, 's e m' ulaidh e,
Maraiche lùth nan tonn àrd
A shiùbhlas le 'bhàrc gu h-urranta.
Saoil sibh, &c.

*

—DH-FHALBH MO NIAN CHRUINN DONN.

Dh-fhalbh mo nian chruinn, donn,
Uam, do 'n Iuraidh;
Dh-fhalbh mo nian chruinn, donn—

Cneas mar eal' air bhàrr thonn—
Och 'us och! mo nian donn,
Dh-fhag thu mi-shunnd orm.

'S truagh nach robh mi 's mo ghaol
Ann an gleann cùbhraidh ;
'S truagh nach robh mi 's mo ghaol
Ri h-uisg' ann 's ri gaoith ;
'S fo shileadh nan craobh
Bhithcamaid sumndach.
Dh-fhalbh, &c.

Cha-n e goirteas mo làimh'
Tha 'gam chiùrradh ;
Cha-n e goirteas mo làimh'
An déis a gearradh le tàl,
Ach mo nian bhuïdh bhàn
Dh-fhàg fo mhi-shunnd mi.
Dh-fhalbh, &c.

Nam biodh agamsa spréidh,
Bhithinn glé chùirtail,
Nam biodh agamsa spréidh
Feadh bheann 'us feadh sléibh,
B' ùr a gheibhinn thu féin,
'S cha bu chéil' ùmpaidh.
Dh-fhalbh, &c.

Ged tha thusa an tràth-s'
Ann an gleann lùraidh,
Ged tha thus' ann an tàmh,
Tha d' aigne fo phràmh,
Agus mise gun stàth,
Le do ghràdh ciùrrte.
Dh-fhalbh, &c.

Beir mo shorruidh le gràdh
Uam do 'n Iùraidh ;
Beir mo shorruidh le gràdh
Dh-fhios na h-òïgh rinn mo chràdh ;
'S o'n nach math leath' mar thà,
Tha i féin tùrsach.
Dh-fhalbh, &c.

Cha-n eil aice mar chéil'
  Ach am fìr ùmpaidh,
Cha-n eil aice mar chéil',
Ach sean bhodach gun spéis,
'S e mar ghearran o fhéill—
  Doirbh, bréun, brùidail!
    Dh-fhalbh, &c.

27.—BRAIGH LOCHIALL.

O théid, c' uim' nach téid,
Naile théid mi thairis
Gu innis nam bò
Far an ceòlmhor ainnir.

Ill obha hó,
Ho ìriri ù o,
E hoiriunn óg ù,
O ìrriri ù o;
Ill obha hó.

Gu innis nam bò,
Far an ceòlmhor ainnir,
Gu bräigh Lochiall
'N dean am fiadh an langan
  Ill obha hó, &c.

'Us earbag nan stùchd,
Gu lùthar eangarra:
  Ill obha hó, &c.

A bhean an fhuilt réidh,
Guidheam féin mo bheannachd dhuit:
  Ill obha hó, &c.

Mo bheannachd a'd dhéigh,
O 'n 's éudar dealachadh:
  Ill obha hó, &c.

'S math 'thig bréid bàn,
Iar a chàradh beannach, ort:
  Ill obha hó, &c.

Mu aghaidh gun sgreing
Nan gorm-shul meallanach:
Ill obha hó, &c.

Is minic a bhà mi
'N àiridh ghleannaich leat:
Ill obha hó, &c.

'Am bothan beag dlùth
'Us dùnadh barraich air:
Ill obha hó, &c.

Lamh thogail an àil,
Bha tlàths riut ceangailte:
Ill obha hó, &c.

'N àm gabhail mu thàmh
Cha bu chnàmhan teallaich dhuinn:
Ill obha hó, &c.

Mo làmh fo d' cheann,
'S do lamh gheal tharam:
Ill obha hó, &c.

Mo thaobh ri d' thaobh
'S sinn maoth-chri'ch tairis:
Ill obha hó, &c.
O théid, &c. *

28.—THA MO GHAOL MAR ROS AIR GHEI

Fonn, My luve is like a red, red rose.

O, tha mo ghaol mar ròs air ghéig
'S a chéitein chiùbhrach, thlàth;
O, tha mo ghaol mar cheòl nan téud,
'N uair 's gléust' a sheinnear clàr.

A réir do bhòidhch', a chailin òg,
Tha m' aign' air tòir do ghràidh;
'S gun lean mo luaidh, a ghaoil, ort buan,
Gu'm fàs an cuan 'na thràigh

Gu'm fàs an cuan 'na thràigh, a rùin,
'S an drùigh na creagan sios ;
O, mairidh dhuit mo ghaol, a rùin,
An fheadh bhios lùth 'nam chliabh.

Ged 's éudar dealachadh an tràths',
Gu bràch gum bi thu 'm chuim ;
Ach 's éudar dealachadh an tràths',
Tha 'm bàta 'n cois an tuinn.

O, sorruidh slàn leat, seal, a ghràidh !
Cha mheath mo ghràdh a chaoidh ;
'S gun tig mi sgrìob a nall gun dàil,
Ged ràineadh cuan 'us tuinn.

Ged ràineadh cuan 'us tuinn, a rùin,
'S ged bhrùchdadh torunn spéur,
Gun tig mi nall a shealltuinn ort,
Thair ghreann nan tonnan sléibh.

S. M.

29.—A CHEIST IAIN.

A cheist, Iain, teann rium fhìn,
'S na bi strìth ri h-aimideachd ;
Féumaidh mnathan uaisle tì,
'S gur goirt an cìnn mur faigh iad i.

Tiùntaidh rium, ceart-léugh a chòir,
Tha mise deònach teannadh riut ;
'S ma 's olc no math a bhios mo dhòigh,
Cha chluinn na h-eòlaich gearan uam.
A cheist, &c.

Cha-n iarr mi siucar, no tì,
Sròl no sìod' a cheannach dhomh,
'S i obair mo dha laimhe fhìn
A's cìnntiche mi 'leanailt rium.
A cheist, &c.

Gabh thus', Iain, am mor-làn
Mar phàtaran, 's cha-n aireach leat.

Air fhad 's gan éirich e an àird',
Gum faic thu 'n tràigh an eal'achd ann.
A cheist, &c.

Sin mar bhitheas luchd na stràic,
Le 'n curraichdean àrd' 's le 'n cailico,
Nì 'm pòsadh bochd an toirt gu làr
Mar shneachda bàn na gaillinne.
A cheist, &c.

An rìomhadh cheannaicheas iad gu daor,
'S an saoghal, bheir an car asda;
Bi'dh gùn 'us gùn 'ga chur m' a sgaoil
Gu h-aodach do na cailleagan.
A cheist, &c.

Ged a théid iad chun na féill',
'S gur gann duit té dhiubh aineachadh,
Gun searg iad as mar ròs air ghéig,
Ri teas na grein' a dh-fhannaicheas.
A cheist, &c.

Cadal féumaidh iad 'us tàmh,
Cha bhi iad slàn mur faigh iad e;
Cha ghearain té dhiubh thu bhi d' thràill,—
Gur dòch i tàir 'us fanaid ort.
A cheist, &c.

Gun sloinn i suas, o bhun gu géig,
An tréubh o 'n d' rinn i failleineadh,
'Gad chur-sa sios mar mhith gun bhéus—
'S gur mairg bheir spéis mar leannan d' i.
A cheist, &c.

An uaisle bhochd gun chas, gun làmh—
Tha 'n dàn mar dh-fhàg an sean-fhacal—
"Cha chuir i salunn air a chàl"—
Bi d' fhaicill trà, mu 'm meal i thu.
A cheist, &c.

Cha tugainnse do 'n uaisle béum,
Na h-àite féin, 's cha teannainn ris;
Ach 's beag an cliù do dh-fhear gun sprèidh
Bhi fòirneadh té a dh-aindeoin diubh.
A cheist, &c.

Tha thusa 's mise réir a chéil',
Ar n-òr, ar spréidh, 's ar seanairean,
'S ma gheibh mi each a ruith na réis,
Cho cruaidh riut féin gun lean mi ris.
A cheist, &c.

'Nu'r thig am bothan le 'chraos cam,
Am màl, a chlann, 's an ceannach, ort,
Gur taitneach dhuit a bhean, 's an àm,
A thàirneas ceann an amuill leat.
A cheist, &c.

AONGHAS MAC CUARRAIG

30.—'S EUDAR DHOMH BHI BEO.

'S éudar dhomh bhi beò,
Ged a robh thu 'm dhìth ;
Ciamar gheibh mi 'n smuaircin so
Chumail dhìom ?
'S éudar dhomh bhi beò,
Ged a robh thu 'm dhìth.

'S muladach a tà mi
Mach ri Dail na Ceàrdach,
'S gun a ghruagach làmh rium,
Gaol 'us gràdh mo chrìdh'.
'S éudar, &c.

'S i mo ghaol an ainnir
'S deise theid 'na h-anart ;
'S ioma diùc 'us baran
'Dh-fharraideas co ì.
'S éudar, &c.

'S i mo ghaol an deideag
'S deise theid 'na h-éididh ;
'S coltach ri deo-ghrein i
'Nu'r a dh-éireas ì.
'S éudar, &c.

'S ann ort a tha 'n cul-snìomhain
Nach feum cìr g'a chìreadh,

'S e mar théudan sìoda
Slos mu chul do chìnn.
'S éudar, &c.

Tha 'n urram dhuit air dannsa
Anns gach còisir ghreannar;—
'S mòr a thug mi gheall duit
Ged a mheall thu mì.
'S éudar, &c.

'S muladach a tà mi
Dol a stigh do 'n bhàta,
'Dhol a null thar sàile——
'S gu la bhrà cha tìll.
'S éudar, &c.

Ach 's e dh-fhàg mi brùite
'N ainnir a chuir cùl rium;
'N déigh na rinn i 'h-ùgradh
'S tùrsach tha mo chrìdh'.
'S éudar, &c.

*

31.—AM BREACAN UALLACH.

Hé 'n clo dubh, hó 'n clo dubh,
Hé 'n clo dubh, b'fhearr am Breacan.

B' fhearr lium breacan uallach,
Mu m' ghuaillibh 's a chur fo m' achlais,
Na ged gheibhinn còta,
De 'n chlò 's fhearr a thig a Sasunn.

Mo laochan fein an t-éideadh,
A dh-fhéumadh an crios g' a ghlasadh,
Cuaicheineachadh éilidh,
Deis éiridh gu dol air astar.

Eilidh chruinn nan cuaichein,
Gur buadhail an t-earradh gaisgich;
Shiubhlainn leat na fuarain,
Feadh fhuar-bheann; 's bu ghasd air faich thu.

Fìor chulaidh an t-saigh'dear,
'S neo-ghloicail ri uchd na caismeachd :
'S ciatach 's an *adbhans* thu,
Fo shranntraich nam pìob 's nam bratach.

Cha mhios anns an dol sìos thu,
'Nuair scrìobar a duille claiseach ;
Fìor earradh na ruaige,
Gu luaths a chur anns na casaibh !

Bu mhath gu sealg an fhéidh thu,
'N àm éiridh do 'n ghréin air creachunn ;
'S dh-fhalbhainn leat gu lòdhar,
Di-dòmhnaich a dhol do'n chlachan.

Laidhinn leat gu cearbail,
'S mar earbaig gum briosgainn grad leat,
Na b'ullaimhe air m' armachd,
Na dearganach, 's musgaid ghlagach.

'N àm coilich a bhi dùrdan,
Air stùcan, a'm maduinn dhealta,
Bu ghasta d' fhéum 'sa chùis sin,
Seach mùtan de thrustar casaig.

Shiùbhlainn leat a phòsadh,
'S far feòirnein cha fhroisinn dealta ;
B' i sid an t-suanach bhòidheach,
An òg-bhean bu mhor a tlachd dh' i.

B' aigiontach 's a choill thu,
Ga m' choireadh le d' bhlàths 's le d'fhasgadh ;
Bho chathudh, 'us bho chrion-chur,
Gun dionadh tu mi ri frasachd.

Air d'uachdar gur a sgiamhach
A laidheadh an sgiath iar a breacadh,
'S claidheamh air chrios ciatach,
Iar fhiarradh osceann do phleatan.

'S deas a thigeadh cuilbheir,
Gu suilbhearra leat fo 'n asguill ;
'S a dh-aindeoin uisg' 'us urchaid,
No tuilbheim, gum biodh air fasgadh.

Bu ro mhath anns an oich' thu;
Mo loinn thu mar aodach-leapa;
B' fhearr lium na 'm brat llin thu,
A's prisaile, mln, tha 'n Glascho.

'S baganta, grinn, bòidheach,
Air banais 'us air mòd am breacan;
Suas an fhéileadh-sguaibe,
'S dealg-gualann ag cur air fasdaidh.

Bu mhath an là 's an oich' thu,
Bha loinn ort am beinn 's an cladach,
Bu mhath am feachd 's an slth thu:
Cha Righ am fear a chuir as duit.

Shaoil leis gun do mhaolaich so,
Faobhar nan Gàel tapaidh;
Ach 's ann a chuir e géir' orr',
Na 's béurra na déud na h-ealtuinn.

Dh-fhàg e iad lan mì-ruin,
Cho clocrasach ri coin acrach;
Cha chaisg deoch an iotadh,
Ge b' fhìon e, ach fìr fhuil Shasunn.

Ged spion sibh an crldh' asainn,
'S ar broilaichean slos a shrachdadh,
Cha toir sibh asainn Teàrlach,
Gu bràch, gus an teid ar tachdadh!

R' ar n-anam' tha e fuaighte,
Feann, luaighte cho cruaigh ri glasan;
'S uainn cha-n fhaodar fhuasgladh,
Gu 'm buaincar am fear ad asainn.

Cleas na mnatha-siùbhla,
'Gheibh tùillin mum beir i 'h-asaid;
An ionad a bhi diùm ris,
Gun dùbail d'a fear a lasan.

Ged chuir sibh oirnne burach,
Thiugh, luaighte, gu 'r falbh a bhachdadh,
Ruithidh sinn cho-luath, 'us
Na 's buaine na féidh a ghlasraich.

Tha sinn 's an t-seann nàdar,
A bhà sinn romh àm an achda,
Am pearsanna 's an Inntinn ;
'S 'n ar rìoghalachd cha teid lagadh.

'S i 'n fhuil bha 'n cuisl' ar slnns'ridh,
'S an innsgin a bha, nan aigne,
A dh' fhag dhuinne mar dhìlib,
Bhi rìoghail—O, sin ar paidir !

Mallachd air gach seòrsa
Nach deònaicheadh fos falbh leatsa,
Cia dhiu bhiodh aca còmhdach,
Na còmhruiste, lom gu 'n craicionn.

Mo chion an t-òg feardha,
Thar fairge chaidh uainn air astar ;
Dùrachd blàth do dhùcha,
'S an ùrnuigh gu 'n lean do phearsa !

'S ged fhuair sibh lamh an uachdar,
Aon uair oirnn', le seòrsa tapaig,
An donus blàr ri bheò-san,
Ni 'm feòladair tuilleadh tapaidh.

ALASTAIR DONULLACH.

32.—CUL MO LAIMHE RITHE.

'N uair a bhà sinn anns na gleannaibh
'Cuallach a chruibh laoigh, mu 'n mhainnir,
Shaoil mi féin nach robh air thalamh
Fear a mhealladh bean a chinn duibh.

Bha mi uair 's bu toil lium do ghuth,
Ged is suarrach umad mi 'n diugh.

A nian sin a th' aig na gamhna,
Bha mi uair, 's bu mhòr mo gheall ort,
'S gil' thu na sneachda air bheanntan,
No 's a ghleann am biteadh 'ga chur.
Bha mi uair, &c.

Tha do chneas cho geal 's an fhaoilcann,
Do dha ghruaidh cho dearg 's an caorunn,

Sùilean meallach, gorm, a'd aodunn,
Maildhein caol, mar ite 'n loin duibh.
Bha mi uair, &c.

Ach ged bha a h-anail cùbhraidh,
'S a bil dearg air bhlas nan ùbhlan;
O 'n a chuir i rium a culthaobh,
Cha-n eil innt' ach smùrach 'us dus!
Cùl mo làimhe rithe gu tŭr,
Tha mi suarrach uimpe an diugh!

33.—O, CUIR A NALL AM BODACH.

O, cuir a nall am bodach,
I, cuir a nall am bodach,
'Nu'r a thogadh e oirnn sogan,
'S e 'm botul a b' annsa leinn.

Gur beag m' uidh dol chun na h-àiridh,
Shealltuinn air mo chuid cruibh àluinn,
'S nach fhaic mi maoin diubh ach na cnàimhean,
'S iad gun bhliochd, gun stàth, gun laoigh.
O, cuir, &c.

Bìomaid cridhail, bìomaid ceòlmhor,
Gabhamaid gach nì mar 's còir dhuinn;
As a bheagan thig am mòran,
Tuillidh 's a dh-fhòdhnas a chaoidh.
O, cuir, &c.

Ciod am fàth mu 'm bi oirnn dorran?
Fòdhnaidh 'n saoghal dhuinn, ge b' oil leinn;
'S lionar fear a chuir e 'dholaidh,
Mheud 's a thug e 'thoil d' a chìnn.
O, cuir, &c.

Fheara! na biodh oirbhse gruaman
Mu na thug an t-earrach cruaidh uainn';
Gheibh sinn creideas feadh na tuatha
A ni suas na thug e dhìnn.
O. cuir. &c.

Lion am botul,—lion a dhà dhiubh,
Na biodh cùram ort a pàidheadh;
Mur a tachair e 's an làimh ort,
Gheibh thu seiche bà 's an t-suim.
O, cuir, &c.

'S lionar fìneag a tha beairteach,—
'S caonnag air an duine thapaidh,—
'S fearr an cridhe fialaidh, pailt,
Na macan airc a chridhe chrìn.
O, cuir, &c.

Biomaid sùgach, biomaid geanail,
Cuireamaid air chùl an gearan:—
Cinnidh rud aig math an airidh,
Sud mar tha mo bharail dhuibh.
O, cuir, &c.

34.—O, FAIGH A NALL AN T-SEARRAG.

O, faigh a nall an t-searrag,
E, thugar dhuinn an drama;
Gur h-e dh-fhògradh as ar n-aire
A scall earraich agus teinn.

O 'n a thuit dhuinn bhi 's tigh òsda,
Biomaid cridhail, 's togar ceòl linn—
Toillidh crìne bheag 'us dòlum
Fuath nan daoine còire, 'chaoidh.
O, faigh, &c.

'S ioma mùgaire tha toicail,
Crobh 's caoirich aige, 's capuill—
'S 's ioma cridhe fialaidh, farsuing,
Tha le aimbeairt iar a chlaoidh.
O, faigh, &c.

Ged tha cuid a their gur faoin mi,
So mo bheachd dhuibh air na daoine,—
Gur a fearr an t-òlach faoilidh
Na fear daormunnach nan snuim.
O, faigh, &c.

'S mairg 'bheir géill do 'n t-saoghal shalach.
Air na daoine còir' 's olc d' aithne,—
Bheir thu nì do 'n daoidh nach airidh,
'S fàgaidh falamh am fear saoidh
O, faigh, &c.

Sealladh slbhs' air dol an t-saoghail,
'S chì sibh e 'na dheannaibh daonnan,
Fear 'ga mhalairt, 's fear 'ga sgaoileadh,
'S fear a' cur na dh-fhaodas cruinn.
O, faigh, &c.

Fear a' càrnadh òir 'na mheallaibh;
Fear le h-òl 's le ròic 'ga scaireap;
Fear fo shòlas, fear fo aithmheil;
Fear fo arraid, 's fear a' caoidh!
O, faigh, &c.

'S lionar iad bha 'n dé fo aiteas,
Cùineadh agus spréidh tigh 'n tharta,
'S iad an diugh gun luaidh air macnus,—
Chaidh am beairteas leis a ghaoith!
O, faigh, &c.

Feuch nach mairg a bhiodh, a dh-aon bheairt,
Le crìne, 'tional ris na dh-fhaodas?
C' uim' nach caitheamaid an saoghal,
'Us gun caith an saoghal sinn!
O, faigh, &c.

Cha-n eil stàth 'bhi caoidh na chailleadh;
Bàthamaid 's an òl gach smalan,
Dh-aindeoin ceannachd, 's ascall earraich,
Cùram sparramaid 's a chill.
O, faigh, &c.

35.—BIOMAID SUBHACH, 'S OLAR DEOCH LINN.

Biomaid subhach, 's òlar deoch linn,
Na biodh osnaich oirnn no pràmh;

Na biodh smaointean air a bhochduinn,
Fhad 's a bhios an copan làn.

'S ioma feairt, ta falachaidh, tlachdar,
Ann am mac na brach, r' a luadh;
'Rinn 'na leannan e do mhìltean,
'Us na mhìlsein brìgh do 'n t-sluagh.

A ghruaim gun sgaoil e far a mhùigein:
Ni e fiùghantach fear cruaidh;
Ni e cruadalach fear gealtach,
Gus an téid e 'm feachd, 'na ruaig.

Ni e cainnteach am fear tosdach;
Ni e brosgulach fear dùr;
Ni e suirdheach am fear nàrach,
'S fagaidh dàna am fear diùid'.

Ni e pògach am fear ailleant,
Nach leig caileagan 'na chòir;
Dannsa sparraidh e 's na casaibh
Nach d' rinn riamh aon char gan deòin.

Fàgaidh e 'n neo-shanntach acrach';
Iompaichidh e cas fear slìom;
Bheir e caitein air fear sleamhuinn,
'S ni e spreadhail am fear tìom.

An t-airgiod sin a bha 'ga sticleadh
'S an sporan, 's e na chripleach riamh,
Bheir e faochadh dha a prìosan,
'S fuasglaidh e cruaidh-shnuim nan iall.

Ni e aoidhail am fear doichleach;
Ni e socharach fear teann;
Ni e uasal an dù-bhalach;
Ni e fathrumach fear fann.

Ni e saor-chridheach fear dùinte,
'S faoisidich e rùn a chrìdh';
Creidich an lag gur a làidir,
Gus an dearbh e 'chàil 's an strìth.

Mulad tàirnidh e gu aiteas,
Airteal tiùntaidh e gu fonn;

Mionach sporanan gun spiol e,
Le 'ghob biorach, 'chrimeas lom.

ALASTAIR DONULLACH.

26.—MOLADH AIR A CHAILEIG GHAELICH.

A nian bhòidheach
An òr-fhuilt bhachalaich,
Nan gorm-shul mìogach,
'S nam mìn-bhas sneachda-gheal,
Gun siùbh'lainn réidhleach
'Us sléibhtean Bhreatann leat,
Fo earradh sgaoilte
De dh-aodach breacain orm.

'S e sid an t-aodach
Ri 'n éireadh m' aigne-sa,
'S mo nian Ghàelach,
Aluinn, agam ann ;—
'S ò bheul na h-oiche
Gu soills' na maduinne
Gum b' ait nar sùgradh,
Gun dùiseal cadail oirnn.

Ged tha na Bain-tighearnan
Gallda fasanta,
Thug òigh na Gàelic
Bàrr, am mais', orra ;
Gur ainnir shòigh i,
Gun sgòid, ri dearc oirre,
'Na h-earradh glé-mhath
De dh-aodach breacanach.

Gur foinnidh, mìleanta,
Dìreach, dreachar, i ;
Cha lùb am feòirnein
F'a bròig, 'nu'r shaltras i ;
Tha deirge 's gile,
'N comh-mhire, 'gleacanaich
'N a gnuis ghil, éibhinn,
'Rinn ceudan airtealach.

Réidh-dheud chòmhnard,
An òrdugh innealta
Fo bhilibh sàr-dhait'
Air bhlàth nan sirisean ;
Tha 'h-aghaidh nàrach
Co làn de chinealtas,
S gun d'thug a h-aogas,
Gach aon an ciomachas.

Gur binne 'còmhradh
Na òraid fhileanta ;
Th' a guth na 's ceòlmhoir'
Na òïgh-cheol binn-fhoclach ;—
Cha laidheadh bròn oirnn,
No leòn, no iomadan,
Ri faighinn sgéula
O bhéul na fine sin.

'Nu'r thig a Bhealtainn
'S an samhradh lusanach,
Bi'dh sinn' air àiridh,
Air àrd nan uchdanan,
Bi'dh cruit nan gleanntan,
Gu greannar, cuirteiseach,
Gu tric 'gar dùsgadh,
Le sùrd, gu moch-eiridh.

'S bi'dh 'n crobh 's na caoirich
'S an fhraoch ag ionaltradh,
'S na gobhra bailg'ionn
Gu ball-bhreac, bior-shuileach :
Bi'dh 'n t-al 's an léumrich,
Gun chéill,—gun chion orra,—
A' gleachd 's a' còmhrag,
'S a' snòtadh bhileagan.

Bi'dh mise 's Màri,
Gach là, 's na glacagan,
No 'n doire géugach
Nan éunan breac-iteach ;
Bi'dh cuach 'us smeòrach
Ri ceòl 's ri caiseamachd,
S a' gabhail òran,
Le 'n sgònain bhlasda, dhuinn.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

37.—NA FLEASGAICHEAN.

Fonn, Tha bean a mhuilleir aighireach.

Gur h-iad mo rùn na fleasgaichean
Am feasda nach dean pòsadh ;
Gur h-ann tha bheatha shcasgair
Aig na fleasgaichean an còmhnuidh !

Cha mhiannaich iad 'bhi breislich, no
Comh-chleasachd ris na h-oighean ;
Gur h-annsa leotha clos, na bhi
Fo'n chrois a thig 'na chò-lorg.
Gur h-iad, &c.

'S ann 'sheasas iad gu comharraicht'
Ri comhairle na còrach ;—
Gum faigh thu anns a Bhìobal i,
Mar sgrìobh an t-Easbul Pòl i.
Gur h-iad, &c.

A h-uile tubaist dhocarach
Tha 'n crochadh ris a phòsadh
A chaoidh cha mheath na fleasgaichean
Nach d' rinn an cleas ad fhòghlum.
Gur h-iad, &c.

Cha bhuairear iad le burralaich
Neo-fhulangach na h-òg-chloinn',
'S a chaoidh cha ghabh iad cloimh, a
Chuireas goimh annta gu 'n clòimhteach.
Gur h-iad, &c.

'Nu'r theid iad anns an leapaidh, bi'dh
A phlaide tioram fòdhpa,
Cha-n ionan 'us na burraidhnean
A bhios air ghnr a phòsaidh.
Gur h-iad, &c.

'Nu'r dh-éireas iad 's a mhaduinn, bi'dh
An leaba gun an t-òtrach ;

'S gun fhàileadh trom a bhipi
Bhios gu tric ri slios nan òg-bhan.
Gur h-iad, &c.

Gum b' fhearr bhi 'n leabaidh uineinean,
'S do shlinneinean 'bhi reòta, na
Mar-ri cruinneig, 'nu'r a thig
'N ad chuinneinean an tòchd ad!
Gur h-iad, &c.

Na fleasgaichean bi'dh aighireach,
Na fleasgaichean bi'dh ceòlmhor,
'S bi'dh drip, 'us donus, agus dris
'Cur ris na daoine pòsta!
Gur h-iad, &c.

38.—THA TIGH'N FODHAM EIRIDH

Tha tigh'n fodham, fodham, fodham,
Tha tigh'n fodham, fodham, fodham,
Tha tigh'n fodham, fodham, fodham,
Tha tigh'n fodham éiridh.

Sid an t-slàinte chùramach;
Olamaid gu sunndach i;
Deoch slàint' an Ailein Mhùideartaich,—
Mo dhùrachd dhuit gun éirich!
Tha tigh'n, &c.

Ged a bhiodh tu fada uam,
Dh-éireadh sunnd 'us aignidh orm,
'Nu'r chluinninn sgéul a b' aite lium
Air gaisgeach nan gniomh éuchdach.
Tha tigh'n, &c.

'S ioma maidean bharrasach,
G'a math d' an tig an earrasaid,
Eadar Baile Mhanaich agus
Caolus Bharraidh, 'n déigh ort.
Tha tigh'n, &c.

Tha pàirt an Eilein Bheagram dhiubh,
'Us cuid 's an Fhraing 's 'san Eadailt dhiubh
'S cha-n eil latha teagaisg nach
Bi 'n Cille-Pheadair tréud dhiubh.
Tha tigh'n, &c.

'Nu'r chruinnicheadh am banal ad,
Breid caol an càradh crannaig orra,
Fallus air am malaichean
A' danns' air ùrlar déile.
Tha tigh'n, &c

'Nu'r chiaradh air an fheasgar, gum bu
Bheadarach do fhleasgaichean,
Bhiodh pìoban mór' 'gan spreigeadh ann.
'Us feadanan 'gan gléusadh.
Tha tigh'n, &c.

Sgiobair ri la gaillinn thu
A sheòladh cuan nam maranan,
A bheireadh long gu calachan
Le spionnadh neart do thréun-fhear.
Tha tigh'n, &c.

Sgeul beag eile dhearbhadh leat,
Gur sealgair sìthne 'n garbhlach thu,
Le d' chuilbheir caol, nach dearmadach,
Air dearg-ghreigh nan ceann éatrom.
Tha tigh'n, &c.

B' e sid an leòmhan aigionnach,—
'Nu'r nochdadh tu do bhaidealan,
Lamh dhearg, 'us long, 'us bradanan,
'Nu'r 'lasadh meanmna 'd éudunn.
Tha tigh'n, &c.
MAC DHUGHAILL IC LACHUINN.

39.—MARBH-RANN IAIN RUAIDH.

Fhuair mi sgéula o'n ghobha,
Cha-n aobhar meoghail, ach gruaim;

E fein fo mhì-ghean, 's fo thrioblaid.
Ri iarunn ciste Iain Ruaidh;
Saoir a' locradh, 'sa sàbhadh,
'S a chulaidh bhàis 'ga cur suas,
'S sàmhach cadal na corra,
Cha chluinntear tuille a fuaim.

Chaidh na măidean a òrdugh,
Cha-n aithne dhòmhs' an cur suas;
Tha 'n gaothair iar stŏpadh,
Tha 'n da dhos 'nan trom-shuain;
Chaill an siunnsar a chlaisteachd,
Tha 'n gléus iar a ghrad leigeadh suas
O'n tric a thainig ceol taitneach,
Ragha caismeachd mo chluas.

Ceol bu bhlasda 's bu bhinne,
'Dhusgadh spiorad do 'n t-sluagh;
Ceol bu tartaraich' siubhal,
Thionndadh tiomadh gu cruas;
Ceol mar smeòrach a ghlinne,
Ceol bu bhinne na cuach;
Meoir gun bhraise, gun ghiorradh,
Dian, raith-leumnach, luath.

'S 'sgiolta sealladh do shiùnnsair,
Air port, 's air cruinn-luath, 's air cuairt;
Pronnadh cnaparra, lùthmhor;
Caismeachd shunntach 'san ruaig,
'Dheanadh gaisgeach de 'n sgliùraich,
Chuireadh diùn-laoch 'na luaths;
Claidhean glasa 'gan rùsgadh,
Claig'nean brùit aig luchd fuath.

'S iomadh aon tha 'gad iùnndrair.,
O'n chaidh ùir ort 'san uaigh;—
An toiseach, labhair an spliùcan
Bhiodh tu giùlan gach uair,—
'Tha mi fĕin gun tombaca,
Cha b'e cleachdadh a fhuair,
'S tric chuir Iain fo m' aisne,
Greim, 'us cairteal, 'us cuach"

Thu'irt a ghloine 'bha 'n t-Asdain,
" Mo sgeul cràiteach, ro chruaidh!
Dh-fhalbh mo shùgradh, 's mo mhiànran,
Thug am bàs leis Iain Ruadh!
Fear a chluicheadh a chlàrsach,
'Dheanadh dàn, agus duan,
Cha b'e Caluinn a chrampaidh
Fonn a b'fhearr leis 'g a luaidh."

Thu'irt am pige 'bha làmh ris,
" Faigh an t-àrca gu luath,
Cuir am chlaigean-sa spàirrt' e,
Tha tart 's gach àite mu'n cuairt;
Thainig con-traigh na plàighe,
Tha nithe gnàthaichte uainn,
Cha bhi reothairt gu bràth ann,—
'S ann a thràidheas an cuan."

Thu'irt am buideal, 's am botul,
Thu'irt an goc ris an stòp,
Thu'irt an copan, 's an t-slige,
" 'S mor an sgrios th' iar tigh'nn oirnn;
Tha gach sruth iar a dhùnadh,
Bha cur a dh'ionnsuidh nan lòn;
Cha-n fhaighear drap air an ùrlar,
A fhliuchas brù Dhonuill òig."

O'n dh-fhalbh an còmpanach sàr-mhath,
Dh-fhalbh an ràbhart, 's an spòrs;
Dh-fhalbh beannachd na cloinne,
'S e sheinneadh an ceòl;
Nis, o rinneadh do chàradh
'N ciste chlàraich nam bòrd,
'S mór a's mist' iad am Fàro,
Gun fhear do ghnàis a bhi bèo.

Dh-fhalbh an deagh ghille cuideachd,
Nach robh scrubail 'san òsd',
Dh-fhalbh fear thràghadh nan scarrag,
Chostadh barrachd thar stòp,
Dh-fhalbh fear dheanadh nan duanag,
Leis an luaighteadh gach clò;

Cha b'e 'ghnàs a bhi gearan,
Ge h-ioma glain' thug dha pòg.

'S beag mo shunnt ri la féille;
'S beag mo spéis dhe gach ceòl;
'S beag mo thlachd dhe bhi 'g éisteachd,
Gaoir théud fhir nan cròc;
Leam a b'annsa do bhruidhinn,
'N àm suidhe mu bhòrd,
Na droch dhrìochan air fidhill,
Mar fhuaim snithe an lòin.

Bha thu d' dhannsair air ùrlar;
Bha thu siùbhlach air snàmh;
Bha thu d' charaiche lùthmhor,
Cha bhiodh tu d' lùirich fo chàch;
Urram léum, agus ruithe;
Glac thréun a ruidheadh an rămh;
'S an àm caitheadh na cloiche,
Bu leat an toiseach air càch.

Thoir mo shorruidh-sa thairis,
Dh-ionnsuidh 'n fhearainn ad thall,
O nach faod mi bhi mar-ribh,
'S leibh mo bheannachd 'san am;
Biodh an uaigh air a treach'ladh,
Ann am fasan nach gann,—
Buideal rum aig a chasan,
'S rol tombac aig a cheann.

GILLEASBUIG DONULLACH.

40.—AIS-EIRIGH IAIN RUAIDH.

Hó ró gum b'éibhinn leam
'Chluinntinn gun do dh-éirich thu;
'S ann leam a's ait an sgéula sin,
O chaidh an t-Eug co teann ort.

Chuala mi gun chailleadh thu,
'S gun do rinneadh d'fhalaraidh

'S e cûis mu'n robh mi gearanach,
Do bhean a bhi na baintre'ich.

Thug iad o na h-osdaircan
Buideal am bun tòrraidh dhuit ;—
Ma bheireas mi gun òladh air,
'S e ni sinn seòrsa bainnse.

O'n tha giubhas sàbhte agad,
'S gun d'rinn an gobha tàirngean duit,
Teannamaid ri bàta, 'theid
Do Fhàro dh-iarraidh branndi.

Cha bhi dad de dh'-éis oirre,
Gheibh i gach ni dh-fhéumas i ;
Ni'n lion-aodach am meadh'n-seol di,
'S gun dean na spéicean crann di.

Cha-n easbhuidh nach bi ballan anu,
Gu cuplaichean, 's gu tarruingean,
Tha ròpaichean gun ghainn' againn,
'S gun ceangail sinn gu teann iad.

Cha-n eil m'inntinn gearanach,
O'n chuir thu dhiot an galar ad,
'S ann tha do phìob 'na deannaibh, a'
Toirt caithream air ceol-dannsa.

'N uair bha thu anns an Réiseamaid,
Bu scairtail, tapaidh, tréubhach thu,
Na h-uile fear a léumadh ort,
Gun gréadhadh tu gun tainng e.

'N uair a bha thu d' òganach,
'S lionmhor àit' am b'eòlach thu ;
Chunnaic mis' an clòsaidean,
Ag òl an Amsterdam thu.

GILLEASBUIG DONULLACH.

41.—IAIN GHLEANN-CUAICH.

O Iain Ghleann'-cuaich,
Fear do choltais cha dual da fâs;
Do chul bach'lach 'na dhuail,
Iar a phleatadh an cuaich gu làr
Beir an t-sorruidh so uam
Dh-fhios an fhleasgaich a's uaisle dreach,
A dh-fhag aiceid .iam thaobh,
'S a chuir saighead an aoig fo m' chrios.
Beir an t-sorruidh, &c.

Agus innis, gun shaoil
Mi, nach bithinn cho faoin 'nam chéill
'Us gun tugainn mo ghaol
Dh-fhear a shealladh cho caol a'm' dhéigh:
Ach 's e 's béus do gach aon
De mhnathan an t-sao'il gu léir,
'Bhi 'gam mealladh, araon,
Le sgeulachdan faoin o 'bhéul!
Ach 's e 's béus, &c.

O Iain, a ghaoil,
C'uim' a leig thu mi faoin air chùl,
Gun chuimhn' air a ghaol
A bh' againn araon o thùs,
'S nach d' thug mise riamh spéis
Do fhleasgach fo 'n ghréin ach thu?
'S cha tabhair a'd' dhéigh,
Gus an càirear mi réidh 's an ùir!
'S nach d' thug mise, &c.

O! òigeir nam buadh,
Cha tuig cach do luach ro mhòr:
Do chridhe gun truaill
Sàr-fhiosrach 's gach uaills', gun phrà.
Do chruth fallain, suairc,
Gu cumadail, cuannda, còrr;
Dreach gréin' air do ghruaidh,
Dealt mhcala mu chuairt do bheul.
Do chruth fallain, &c.

Do phearsa dheas, ghrinn,
'S i a dh-fhag mi gu tinn le gràdh ;
Cha-n eil coir' ort ri ìnns',
O mhullach do chinn gu d' shàil ;
'S ioma maidean deas, òg,
'Thig, le furan, a'd' chòir air sràid,—
Dh-fhag sin mise fo bhròn,
'S mo luaidh ort gu mòr thair chàch.
'S ioma maidean, &c.

An trian dhe do chliù
Cha chuir mi, a rùin, an céill ;—
'S caoimhe faiteal dhe d' ghnùis
Na coille fo dhriùchd ri gréin.
Gum bu mhiannach le m' shùil
A bhi sealltuinn gu dlùth a'd' dhéigh—
'Stu am fiùran glan, ùr,
A's maisiche, lùthar céum.
Gum bu mhiannach, &c.

Cha b' i choille nach b' fhiù
As na chinn an t-òg-fhiùran àrd,
Ach a choille thiugh, dhlùth,
Bhiodh gu duilleagach, ùr fo bhlàth ;
Cha-n i crìonach nan crann
Dha 'n do chrom mi mo cheann cho mòr,
Ach fìr abhull gun mheang
A chinn ann an lann nan seòd.
Cha-n i crìonach, &c.

O Iain, a luaidh,
Nach gabh thu dhiom truas, 's mar thà,
'S a liuthad lath' agus uair
Chuir thu 'n céill gum bu bhuan do ghràdh !
Ach, ma choisinn mi d' fhuath,
Us gun d' rinn mi ni suarrach, nàr',
So mo bheannachd a' d' dhéigh,
'S feuch an taobh thu riut té na's fearr.
Ach, ma choisinn, &c.

C' uim' a bhithinn fo bhròn,
Us gur h-ioma gill' òg tha 'm' rà r

Leis am miannach mo phòg,
'Us a bheireadh leis òr 'us spréidh?
Imich thusa, mar 's àill,
Dh-ionns' na té d' a bheil gràdh agad fein,
'S ma 's a mis' tha 's an dàn,
Cha teid ise gu bràch fo bhréid.
Imich thusa, &c.

42.—MA REITICH AN NIAN DONN.

Ma réitich an nian donn
Tha i dol a phòsadh;
Hug uri hùg air a chailin,
Tha leannan aig Dònull:
Ma réitich an nian donn,
Tha i dol a phòsadh.

An raoir gun cuala mi sgéul a
Chuir éislein ro mhòr orm;

Gun deach' nian an fhuilt chraobhaich,
A ghlaodhach Di-dòmhnuich.

Ribhinn ghasd' a's ro mhath cumadh.
O 'mullach gu 'bròg an.

Do chul dualach, bachlach, snìomhain
Mar dhìthein an eòrna.

Gnùis a's àillidhe 's an fhearann,
'S ioma fear tha 'n tòir oirr'.

Do mhala chaol mar chuiseig firich,
Bodhach, biorach, bòidheach.

'S an dà dhearc-shuil mheallach, mhlogach,
'Ghuin mo chrìdh'-sa, fòdhpa.

Dà ghruaidh mheachair, mhìn-dearg, àillidh
'Thàlai's gràdh gach òigeir.

Fàileadh nan subh-craobh dhe d'anail
Blas meal' air do phògan.

Gur a gile na gath-gréine
A bràighe glé-ghlan' boidheach.

A seang-chruth fallain mar an eala,
No mar chanach mòintich.

Gun tàirneadh a sùgradh gu beadradh
Ceann-eaglais na Ròimh.

Thug i barrachd air an tè
Ri 'n dubhradh "Réul nan òighean."
'S truagh nach bu mhise a raghainn,
Mu'n do thagh i Dònull.

Ach, cuiridh mi sàradh 's an calaidh,
O'n nach leannan dòmhs' i.

43.—MORDUBH.

SEANN DAN.

Am bheil thus' air sgiathan do luaths,
A ghaoth, gu triall le d' uile neart?
Thig le càirdeas dh-ionnsuidh m' aos',
Thoir sgrìob aotrom thar mo chraig'.
Comhaois m'òige ghlac an t-aog:
'S uaigneach m' aigne 'n uamh' mo bhròin:
'S mòr mo leòn fo laimh na h-aos';
Osag tha 'g astar o thuath,
Na dean tuasaid rium, 'smi lag.
Bha mi uair, 's gun robh mo chéum
Cho éatrom riutsa, a ghaoth;
Mo neart mar chrag a Chruaidh-Mhill;
'S ioma cath 's na bhuail mi béum.
S tric taibhse mo naimhdean ag astar,
Le ceum lag, o bheinn gu beinn.
Ach, thig àm do bhroin-se, a ghaoth,
'N uair dhìreas tu 'n t-aonach gu mall;
Cha-n imrich thu neoil thar coill,
'S cha lùb a choille fo d' laimh;
'S cha gheill am fraoch anfhann féin,
Ach togaidh gach géug a ceann.

Bi bàighail riumsa, a ghaoth,
Oir tha 'n aois ort féin ro theann.

Cuir lasair ri géig de 'n ghallan,
A shealgair coire, a's àillidh' sniomh ;
Tha 'n oiche a' siubhal o'n ear,
Tha 'ghrian a critheadh 'san iar.
Dh-fhosgail eilein Fhlaitheis 's a chuan
Tri uairean dorsan nan nial,
A' glaodhach—" Dean cabhag thar a chuain
Le d' chuach-fhalt àluinn, a ghrian."
Tha neoil dhubh-shiùbhlach na h-oiche,
Gun aoibhneas, air chul nan tonn ;
'S tric iad ag amharc do thriall,
A ghnùis àluinn 'tha 'g astar o'n ear.
Ach éiribh, le 'r sgiathan, o'n chuan,
A neoil dhorcha nan ioma gruaim,
Tha sgàilean nan sonn o shean
Toirt cuireadh do'n ghréin gu Flaitheas.
Beannachd le rìbhinn chiùin do ruin ;
Buaidh le d' shaighid air gach beinn,
A shealgair, tha tabhairt dhomh treòir,
'S mi leòinte fo laimh na h-aosa !
Ach suidh thusa ann am uaimh,
'Us éisd ri tuasaid ghaoth 'us chrag ;
Innsidh mi dhuit sgéul a's mór brìgh
Air suinn a ta sìnte fo'n lic.
'S taitneach na smuaintean a thriall.
'S miannach dreach nam bliadhn' a dh-fhalbh.
Pill thusa, m'òige, le d' uile ghniomh,
'Us feuch do m'anam bhadhn' mo neart.
Feuch gach cath 'sna bhuail mi béum,
'Us airm nan laoch bha tréubhach borb.
Thugaibh sùil o neoil 'ur suain,
Fheara bha cruaidh anns gach cath ;
Cluinnidh 'ur clann fuaim 'ur cliù,
'S thig sileadh an sùl gu làr.
Tha m'anam a soillseachadh le gniomh
Nam bliadhn' a dh-fhalbh, 'us nach pill.

Dh fholnich a ghealach a ceann :
Bha codal réultan air chùl neòil :

Cabhag ghaoth 'us chuan o chian :
Bu gharbh an cath 'bha eadar stuaidh
'Us sileadh gailbheach nan spéur
'Nuair dh-éirich comh-shambla Shàilmhoir
O'leabaidh fhuar 'sa gharbh chuan,
A' siubhal air bharraibh nan stuadh
'S a ghaoth 'cur meanbh-chath mu'n cuairt.
" Dh-éirich mac an aoig air sgiath
Na h-osaig gu gruaidh Chraig-mhòir
'S bha anail fhiadhaich nan nial
Ag éiridh m'a shleadh gun ghuin.
Ag amharc a nuas o leabaidh fhuar,
Bu mhòr a bhrigh a bha 'na ghuth :"
" Dùisgibh, Chlann Alba nam buadh,
'S garg colg 'ur naimhdean o thuath ;
A' gluasad air bharraibh nan tonn
Tha clann Lochlann nan lom-long :
Eiribh, Chlann Alba nam buadh,
'S mòr neart 'ur naimhdean o Thuath."

Air sgiath na h-osaige fuair'
Dh-fhalbh mac na h-oiche gu luath ;
Lùb an darach garbh fo 'chosan,
'S chrith gach gallan romh 'fheirg.
" Tionailibh mo shuinn o'n t-seilg,"
(Thubhairt ceann-fine na Alba,)
" Soillsichibh srad air Druim-Feinne,
'S thig mo laoich o ghruaidh gach beinne."
Labhair Mòrdubh, rìgh nan Srath,—
'Slionmhor crag tha 'g innseadh sgéul'.
Chuala clann a chath am fonn,
'Us leum ioma lann ghlas amach.
Dh-éirich a mhaduinn 'san Ear,
'S dh-iarr i air sion gailbheach gluasad ·
B'àluiun, maiseach, fiamh na gréine
A' tigh'nn amach gu ciùin o'n chuan,
'Boisgeadh a gathan air airm
Nan laoch mòr-bhuadhach anns gach cath.

* * *